

# Gruagach òg an fhuilt bhàin

## Verse 1

Gruagach òg an fhuilt bhàin eist ri bàrdachd mo bhilean  
Thoir dhomh gealladh thar chàich 's air do sgàth nì mi tilleadh  
Ged 's iomadh tè san robh m' ùidh anns gach dùthraig is cinneadh  
O nach aontaich thu leum 's mi bhiodh sunndach gad shireadh

## Verse 2

Ged theireadh do chàirdean gur tràth thug mi 'n gealladh  
Do ghruagach òg an fhuilt bhàin a chaidh àrach am Barraidh  
'S iomadh fear anns gach àit' rinn a nàdar a mhealladh  
Cò bheir maorach a tràigh nuair tha 'n làn air tigh'nn thairis

## Verse 3

'S truagh nach robh mi mar eun ìte sgiathan gun ghiorradh  
'S mi gu siùbhladh an iarmailt 's mi nach iarradh gu tilleadh  
Bu mhòr m' aighear 's mo shunnd togail curs thar gach linne  
'S nuair a dhealaicheadh tu rium bhiodh mo shùilean a' sileadh.

## Verse 4

Chaidh do chliù chuir an dàn 's tha do chàin aig filidh  
Chaidh a thogail is àrach ann am fàsaichean Uibhist  
'S e gaol carraig nan àl leanas nàdar an duine  
'S tu mo reul fad gach là 's bidh mo gràdh far an suidhe thu.